



Riaghailtean a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail

Ùraichte: Am Faoilleach 2023

mòd
phàislig²⁰²³

INNTRIGEADH

- Tha An Comunn Gàidhealach a' gleidheadh na còrach air inntrigeadh a dhiùltadh.
- Feumaidh inntrigean uile an cur a-steach a' cleachdadadh an t-siostaim inntrigidh air-loidhne aig – www.ancomunn.co.uk ro **31^{mh} Cèitean 2023**.
- Feumaidh ceòl fèin-roghnaichte uile a chur a-steach air-loidhne ro **31^{mh} Cèitean 2023**. Cha ghabhar ri inntrigean ann an cruth sam bith eile. **Cha ghabhar ri inntrigean air post-d.**
- Feumaidh farpaisich aon-neach uile ann am farpaisean nan Inbheach a bhith nam buill den Chomunn Ghàidhealach. Feumaidh Còisirean, Buidhnean, Ceòl-ceathrar, Ceòl-càraid ann am farpaisean nan Inbheach ballrachd buidhne a bhith aca no iad uile a bhith nam buill fa leth. Bidh dìth ath-ùrachaидh air ballrachd a' ciallachadh gum faodar nach tèid gabhail ri inntrigean don bhliadhna sin.
- Bu chòir do pharpaisich toirt an aire mura h-eil co-dhiù trì inntrigean ann am farpaisean, gum **faod** an farpais a bhith air a casg airson na bliadhna sin. Bidh seo an urra ris an t-seòrsa farpais agus ri riatanasan na farpaise. Tha an co-dhùnadhbh deireannach fo ùghdarras a' Chomuinn Ghàidhealaich.
- Bu chòir do phàrantan / luchd-cùram a tha ag inntrigeadh an cuid chloinne ann an iomadh farpais, dèanamh cinnteach gu bheil na dòighean air am faighinn gu na farpaisean fa leth air am planadh ro-làimh, gus an gealltanach air com-pairteachadh ann am mòran farpaisean a choileanadh. Tha seo gus inntrigeadh do thuilleadh 's a chòir farpaisean a sheachnadh agus a bhith fadalach / eu-comasach air frithealadh. Tha e cudromach gun cùm pàrrantan / luchd-cùram fiosrachadh ri stiùbhardan mu dhàil sam bith san amharc.

FARPAISEAN (COITCHEANN)

- Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh agus riaghailtean mu farpaisean sònraichte anns a' chlàr-obrach.
- Chan eil ceòl-taic ceadaichte mura h-eil e gu sònraichte ainmichte san fhiosrachadh mun farpais.
- Chan fhaod farpaiseach an aon òran a sheinn ann am barrachd air aon farpais.
- Faodaidh pìosan ainmichte a bhith air an seinn ann an gleus sam bith.
- Chan fhaod farpaisich coimhead ri faclan no ceòl aig an farpais. Tha seo a' gabhail a-steach oidean no pàrrantan a' toirt stiùir le faclan no ceòl aig an farpais.
- Bu chòir don tionndadh den fhonn air an duilleig ciùil ainmichte a sheinn mar a tha e sgrìobhte, ach faodar ruitheaman nam pongan a sheinn a' gabhail cunntas air beuman Gàidhlig agus atharrachaidhean ann an dualchainntean fhads nach eil iad sin a' toirt buaidh air ruitheam a' bhàrdachd fhèin.
- Cha ghabh na Buinn a leanas am buannchadh ach aon uair:

Am Bonn Òir

Bonn Òir an t-Seann Nòis

Bonn Tìm an Òbain

An t-Aigeallan Airgid

Bonn Òir Comann Sgitheanach Ghlaschu

Bonn Sheumais Mhic a' Phì

Aigeallan Airgid a' Chomuinn Ghàidhealaich (Òigridh)

Aigeallan Airgid Seann Nòs a' Chomuinn Ghàidhealaich (Òigridh)

Bonn Pròbhaist na h-Eaglaise Brice (Òigridh)

- Bu chòir do pharpaisich frithealadh san òrdugh sa bheil iad a' nochdadadh ann am Prògram a' Mhòd. Bu chòir don Chathraiche dèanamh cinnteach nach eil dàil neo-riatanach ga chur air Farpais air sgàth neo-frithealadh le farpaisich; ach, dh'fhaodadh seo ciallachadh farpaisich a ghabhail a-mach ì ìe, ma tha sin iomchaidh.



Riaghailtean a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail

Ùraichte: Am Faoilleach 2023

mòd
phàislig²⁰²³

15. Ma thèid dàil air farpaisich aig farpaisean no ionadan eile, feumaidh iad fios a chur gun Phriomh Stiùbhard, Luchd-obrach an Tachartais no An Comunn Gàidhealach. Thèid gach oidhhrisp a dhèanamh gus an fharpais a chumail fosgalite ach tha an ùine sin a rèir measadh reusanta a' Chomuinn Ghàidhealaich.
16. Bu chòir do fharpaisich fios a chur cho luath 's a ghabhas chun a' Chomuinn Ghàidhealaich ma tha iad a' tarraing a-mach à farpais.
17. Chan urrainn do fharpaisich Òigridh òran a sheinn mar an roghainn fhèin, a tha ainmichte ann an Clàr-obrach na h-Òigridh don Mhòd làithreach.
18. Chan urrainn do fharpaisich Inbheach òran a sheinn mar an roghainn fhèin, a tha ainmichte ann an Clàr-obrach nan Inbheach don Mhòd làithreach.

CEÒL DEN ROGHAINN FHÈIN

19. Feumaidh pìosan fèin-roghnaichte uile an cur a-steach air-loidhne **ro 31^{mh} Cèitean 2023. Thoiribh an aire gum bu chòir cumail gu daingeann ris an riaghailt seo.**
20. Thèid gabhail ri ceòl fèin-roghnaichte tron t-siostam inntrigidh air-loidhne againn. Tha an t-uallach air an fharpaiseach dèanamh cinnteach gun d' fhuaireadh na pìosan fèin-roghnaichte. **Cuiribh fios gu An Comunn Gàidhealach mura h-eil an inntrig agaibh a' taisbeanadh 'criochnaichte'.**
21. **Feumar** cead fhaotainn mus dèanar lethbhreacan de cheòl sgriobhte sam bith a tha ann an dlighe-sgriobhaidh a' Chomuinn Ghàidhealaich. Chan eil an riaghailt seo buntainneach ma tha pasgan oide no pasgan còisire air a cheannach.
22. A thaobh fharpaisean uile le ceòl fèin-roghnaichte, feumaidh lethbhreac de fhacail an òrain (ann an Gàidhlig), lethbhreac den cheòl sgriobhte agus eadar-theangachadh de fhacail an òrain a bhith air an cur a-steach. Tha seo na riatanas cuideachd do na prìomh fharpaisean criochnachaidh. Bu chòir do na trì pàipearan sin a bhith air luchdachadh suas chun an t-siostaim air-loidhne ron cheann-latha dheireannach. Thoiribh an aire gum bu chòir do fhaidhlichean a bhith ann an cruth PDF. Feuch gum bi sibh mothachail do bhith a' lethbhreacadh ceòl dìreach bho leabhraichean foillsichte, gun chead a shireadh. Airson farpaisean seann-nòis a-mhàin, luchdaichibh suas aon lethbhreac de fhacail gach òrain. Chan eil eadar-theangachadh no ceòl a dhùth airson farpaisean seann-nòis.
23. **Feumaidh** lethbhreacan de fhacail agus ceòl a bhith comharrachaite gu soilleir le ainm an fharpaisich agus àireamh na farpaise.
24. **Cha ghabhar** ri atharrachadh ri pìosan fèin-roghnaichte às dèidh **31 Lùnastal 2023**. Dh'fhaodadh atharrachaidhean a thèid a dhèanamh às dèidh a' cheann latha seo buaidh a thoirt air breithneachadh an fharpaisich.

FILE ANTACHD

25. Ma tha pàiste ga oideachadh tro mheadhan na Gàidhlig, agus ann an Clas 2 no nas àirde aig àm a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail, feumaidh e/i a bhith air inntrigeadh do fharpaisean nam fileantach.
26. Bu chòir do chlann ann am FMG (Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig) a tha ann an Clas 1, an inntrigeadh do fharpaisean luchd-ionnsachaidh.
27. Ach, bu chòir do chlann ann an Clas 1 a tha bho chùl-raon fileanta (eadar gu bheil iad ann an sgoil FMG no nach eil) i.e. nuair a tha co-dhiù aon no an dìthis phàrantan / luchd-cùram a' labhairt Gàidhlig san dachaigh, an inntrigeadh do fharpaisean nam fileantach.



Riaghailtean a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail

Ùraichte: Am Faoilleach 2023

mòd
phàislig²⁰²³

28. Thoiribh sùil air an sgrìobhainn 'Stiùiridhean do Theaghlaichean, Sgoiltean agus Oidean' airson tuilleadh fiosrachaidh.
29. Bu chòir do phàrantan / luchd-cùraim pàiste le feumalachdan taic a bharrachd (no suidheachadh neo-àbhaisteach) agus a' coimhead ri pàiste inntrigeadh do fharpais eadar-dhealaichte, fios a chur gu An Comunn Gàidhealach. Bu chòir do phàrantan / luchd-cùraim an ùghdarris a chleachdadh nuair a tha iad ag inntrigeadh am pàiste / an cuid chloinne do fharpaisean.
30. Chan fhaodar fileantaich inntrigeadh do fharpaisean Luchd-ionnsachaidh. Ach, faodaidh luchd-ionnsachaidh com-pàirteachadh ann am farpaisean fhileantach ann an cuid de shuidheachaidhean – m.e. farpaisean Càraig.

AOISEAN

31. Ann an earrann na h-Òigridh, a thaobh fharpaisean comharaichte le aois seach clas, feumaidh farpaisich a bhith taobh a-staigh a' bhuidhinn aoise ainmichte air a' chiad latha den Dàmhair sa bhliadhna a tha am Mòd ga chumail. Chan eil farpaiseach sam bith fo aois 18 so-thaghte do Fharpaisean nan Inbheach – chan eil seo buntainneach do Fharpaisean Chòisirean.
32. Cha bu chòir do Fharpaiseach com-pàirteachadh san dà chuid farpaisean na h-Òigridh agus farpaisean nan Inbheach sa bhliadhna cheudna (ach a-mhàin Farpaisean Chòisirean).

FARPAISEAN IONNSRAMAIDEAN

33. Faodaidh farpaisich coimhead ri ceòl aig an fharpais.
34. Chan fhaod farpaiseach cluich ann am barrachd air aon bhuidheann san aon fharpais.
35. Feumaidh co-dhiù tri fidhlean a bhith ann am buidhnean fidhle, le taic ciùil bho suas ri sia ionnsramaidean. Chan fhaod barrachd air aon chluicheadair deug a bhith ann am buidheann.
36. Bu chòir do fharpaisich ann am farpaisean ionnsramaид a bhith mothachail don fhiosrachadh a bharrachd a tha ri fhaotainn sa chlàr-obrach mun fharpais. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh gum bi e riatanach pìos ciùil de thùs Gàidhlig a chluich.
37. Airson ceistean sam bith a thaobh farpaisean Clàrsach, cuiribh fios gu rianaire Comann Na Clàrsach – gaelic@clarsachsociety.co.uk.

FARPAISEAN PIÒBAIREACHD

ÒIGRIDH

38. Tha an fharpais seo fosgailte do cluicheadairean òga 18 bliadhna a dh'aois agus nas òige, nach eil air com-pàirteachadh ann am farpais Piòbaireachd inbheach roimhe.
39. Feumaidh farpaisich a bhith taobh a-staigh a' bhuidhinn aoise ainmichte air a' chiad latha den Dàmhair sa bhliadhna anns a bheil am Mòd ga chumail.
40. Chan eil farpaisich ann an tachartasan P01 agus P02 so-thaghte do thachartasan eile.
41. Chan eil farpaisich ann an tachartas P03 so-thaghte do thachartasan eile ach P07, a rëir freagarrachd aoise.
42. Chan urrainn do fharpaisich ag inntrigeadh tachartas P08 com-pàirteachadh ann am farpais P07.
43. Chan urrainn do fharpaisich a tha air làn Phìobaireachd a ghnìomhadh ann am farpais sam bith, com-pàirteachadh ann an tachartas P07.



Riaghailtean a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail

Ùraichte: Am Faoilleach 2023

mòd
phàislig²⁰²³

44. Chan fhaod farpaisich inntrigeadh do thachartasan ach sa bhuidheann aoise aca fhèin.
45. Feumaidh farpaisich a bhith deiseil airson com-pàirteachadh san òrdugh cluiche mar a tha air a shònachadh sa phrògram, no air a stiùireadh leis na Stiùbhardan. Dh'fhaodadh seachnadh air an seo leantainn gu di-cheadachadh.

INBHICH

46. Tha Farpaisean Piobaireachd Inbhich air an riaghlaidh le Comann Farpais nam Piobairean. Airson fiosrachadh, cuiribh fios gu cpa_sec@yahoo.co.uk

COGADH NAN CÒMHLAN (BATTLE OF THE BANDS)

47. Bu chòir 3 buill aig a' char as lugha a bhith ann an còmhlan òigridh ach gun a bhith nas mothà na 8 buill ann an aon seat sam bith.
48. Sa chiad chuairt de ro-fharpaisean, bu chòir do chòmhlan aon òran Gàidhlig a ghniomhadh no aon seat ceòl traidseanta. Ma gheibh an còmhlan air adhart chun na farpais dheireannaich, bu chòir do chòmhlan dà sheat a ghniomhadh a dh'fhaodas a bhith dèante de phìosan ionnsramaideach agus/no le òran Gàidhlig na lùib.
49. Bidh siostam PA an làthair. **Feuch gun cuir sibh a-steach fiosrachadh teicnigeach a' chòmhlan agaibh, mar phàirt den inntrig agaibh air-loidhne.**
50. Bidh a' chiad chuairt den farpais seo a' gabhail àite air Diluain seachdain a' Mhòid. Bidh an farpais criochnachaidh a' gabhail àite air Dimàirt seachdain a' Mhòid.
51. Chan fhaod farpaiseach seinn no cluich ann am barrachd air aon bhuidheann san aon farpais.
52. Chan fhaod buill a tha a' com-pàirteachadh ann an Cogadh nan Còmhlan coimhead ri facail no ceòl aig àm a' ghniomhaidh.
53. Cuiridh An Comunn Gaidhealach fios gu luchd-inntrigidh san farpais seo le uair airson fuaimneachadh a chur air dòigh ron farpais. Feumaidh còmhlan cumail gu teann ris na h-uairean a thèid a thoirt dhaibh.

SEINN-CÀRAID, SEINN-CEATHRAR AGUS SEINN ANN AN CO-SHEIRM

54. Chan fhaod farpaiseach seinn ann am barrachd air aon bhuidheann san aon farpais

CÒISIREAN ÒIGRIDH

55. Feumaidh co-dhiù 8 guthan a bhith ann am farpais Chòisirean agus 30 guthan aig a' char as àirde.
56. Chan fhaod farpaiseach seinn ann am barrachd air aon chòisir san aon farpais.
57. Faodaidh còisirean pìosan ainmichte a sheinn anns a' ghleus roghnaichte aca fhèin.
58. Chan fhaod stiùirichean seinn còmhla ri an còisirean.
59. Chan fhaod buill Chòisirean no Stiùirichean Chòisirean coimhead ri facail no ceòl aig an farpais.
60. Cha bu chòir do bharrachd air an àireamh aontaichte sa cheud de sgoilearan tro Mheadhan na Gàidhlig a bhith ann an Còisirean Luchd-ionnsachaidh, a bhios aig ire 50% sa bliadhna làithreach seo. Thèid an àireamh seo sa cheud ath-sgrùdadadh gach bliadhna.



Riaghailtean a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail

Ùraichte: Am Faoilleach 2023

mòd
phàislig²⁰²³

CÒSIREAN INBHICH

61. Is e 35 an àireamh as àirde de sheinneadairean a tha ceadaichte air com-pàirteachadh ann am farpaisean measgaichte chòisirean. Is e 10 guthan an àireamh as ìse. Tha an riaghail seo buntainneach cuideachd do chòisirean sgìreil agus dùthchail. Tha an riaghail seo buntainneach do fharpaisean chòisirean fhear is bhoireannach.
62. Bidh Còisirean dùthchail air an dèanamh suas bho sgìrean taobh a-muigh na bailtean-mòr.
63. Chan fhaod stiùirichean seinn còmhla ri an còisirean.
64. Faodaidh còisirean uile pìosan ainmichte a sheinn anns a' ghleus roghnaichte aca fhèin.
65. Airson pìosan ainmichte chòisirean, tha beuman air an comharrachadh a rëir an ruitheim ainmichte tron òran. Bu chòir do bhritheamhan a bhith mothachail gum faod còisirean a bhith diofraichte nan eadar-mhineachadh agus nan libhrigeadh air beuman is ruitheaman, agus sùbailteachd a cheadachadh a thaobh seo. Chan fheum còisirean a-nis atharrachaidhean beaga a nì iad, a chur a-steach.
66. A' gabhail cunntas air buaidh COVID-19 air còisirean agus seinn coimhairsnachd san dà bhliadhna a chaidh seachad, tha An Comunn Gàidhealach air co-dhùnadh na riaghailtean a thaobh fileantachd a lasachadh am-bliadhna airson Mòd 2023 agus airson Mòd 2024, gus cothrom a thoirt do chòisirean aig ìrean fileantachd nas ìse pàirt a ghabhail.
67. Chan fhaod farpaiseach seinn ann am barrachd air aon chòisir san aon fharpais.
68. Chan fhaod buill Chòisirean no Stiùirichean Chòisirean coimhead ri facail no ceòl aig an fharpais.
69. Faodaidh òigridh eadar 16 agus 18 bliadhna a dh'aois seinn ann an còisir inbhich.

FARPAISEAN MHEADHANAN, EALAIN AGUS LITREACHAIS

70. Is e obair thùsail neo-cheartaichte an fharpaisich a dh'fheumas a bhith anns na h-inntrigean uile.
71. Feumar ainmean-brèige a chleachdad, agus a bhith comharraichte gu soilleir air gach duilleig den obair sgriobhte/chlò-bhuailte.
72. Litreachas – feumaidh an obair uile a bhith clò-bhuailte agus air a chur a-steach ann an cruth PDF.
73. Ealain – bu chòir don obair uile a chur a-steach ann an cruth PDF no JPEG.
74. Rèudio/Film – bu chòir don obair uile a chur a-steach ann an cruth MP4.
75. Feumaidh inntrigean uile a bhith air an cur a-steach ro **31st Cèitean 2023** tron t-siostam inntrigidh air-loidhne.

BREITHNEACHAIDH

76. Bidh duilleagan breithneachaidh a-nis air an luchdachadh suas direach gu cunntas inntrigidh air-loidhne a' chom-pàirtiche. **Feuch gum bi sibh mothachail nach bi duilleagan breithneachaidh rim faotainn tuilleadh airson an togail tro sheachdain a' Mhòid.**
77. Bidh co-dhùnайдhean nam britheamhan deireannach.



Riaghailtean a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail

Ùraichte: Am Faoilleach 2023

mòd
phàislig²⁰²³

BUANNAICHEAN CIAD DUAISEN

78. Dh'fhaodadh gun tèid iarradh air buannaichean na ciad duaisean pàirt a ghabhail ann am filmeadh don BhBC. Bidh am BBC a' stiùireadh agus a' cumail sùil air a' phròiseas seo.

GILL-DÙBHHLAIN

79. Feumaidh na duaisean uile a bhith air an tilleadh, air an glanadh agus air an gràbhaladh (le cosgais an fharpaisiche) gu oifis a' Chomuinn Ghàidhealaich aig 5 Caolshràid Mhìcheil, Inbhir Nis, IV2 3HQ ro **31 luchar** den ath bhliadhna. Tha an t-ualach air buannaiche na duaisean a thilleadh air ais do dh'oifis Inbhir Nis gu pearsanta no le teachdaire. **Chan fhaod duaisean a bhith air am fágail ann an àite sam bith eile.**
80. **Mur a tèid cumail ris an stiùireadh seo gheibhear cùs rianachd de £20 airson gach ùine de 30 latha a tha seach-tide (no pàirt dhe sin).**
81. Feumar fiosrachadh a thoirt dhan Chomunn Gàidhealach mu dhamraigheasadh sam bith no obair a dh'fheumar a dhèanamh air duaisean cho luath 's a ghabhas.

MEASADH GÀIDHLIG

82. Feumaidh farpaisich a bhios ag inntrigeadh **Bonn Òir a' Chomuinn Ghàidhealaich, Bonn Òir an t-Seann Nòis agus An t-Aigeallan Airgid** an irean fileantachd ath-mheasadh **gach 2 bhliadhna**. Tha seo airson dèanamh cinnteach gu bheil irean fileantachd nam farpaisean sin air an cumail aig ire ãrd.
83. **Tha An Comunn Gàidhealach a' gleidheadh na còrach inntrigeadh gu farpais a dhiùltadh nuair nach eil adhartas sam bith dèante sa chànan.**
84. Thathar a' sùileachadh gun dèan luchd-ionnsachadh adhartas leantainneach sa chànan gach bliadhna tro na h-irean. Feumaidh farpaisich Cairt Umha a chosnadhl ro inntrigeadh gu farpais Seann Nòis luchd-ionnsachaidh nan Inbheach.
85. Feumaidh Cairt Airgid a bhith aig farpaisich ag inntrigeadh farpais an Aigeallain Airgid agus air a bhith fo dheuchainn **taobh a-staigh na bliadhna mu dheireadh.**
86. Feumaidh farpaisich am Measadh Gàidhlig a shuidhe ron **31 Lùnastal** den bhliadhna sa bheil iad a' farpais aig a' Mhòd. Gabhaidh seo a dhèanamh gu pearsanta no air-loidhne.

Thoiribh sùil air earrann a' Mheasaidh Ghàidhlig den làrach-lin

<https://www.ancomunn.co.uk/nationalmod/gaelic-assessment> airson làn fhiosrachadh.

Thèid fiosrachadh / atharrachadh a thaobh na riaghailtean fhoillseachadh air an làrach-lin (www.ancomunn.co.uk) agus air na meadhanan sòisealta.

LE TAIC BHÓ | WITH SUPPORT FROM



EventScotland

